

An t-Àilleagan




O soi-ridh slàn don Ài-llea-gan bha'n seo mun tràth seo'n dé Gun



d'lot thu dh'ionn-saigh m'air-nean mi 'Smi crài-teach as do dhéidh Ma's



teach-dair tha bhon bhà - às thu 'Snach slà-naich mi gun léigh Gun



dug mi gaol bhom' chri-dhe do dh'òg nigh-inn nan rosg réidh

O soiridh slàn don Àilleagan,
Bha 'n-seo mun tràth seo 'n-dé,
Gun d' lot thu dh'ionnsaigh m' àirnean mi,
'S mi cràiteach as do dhéidh,
'S nach slànaich mi gun léigh,
Gun dug mi gaol bho m' chridhe do
Dh'òg-nighinn nan rosg réidh.

'S e 'chuir, an uair, an taice rium,
Gun d' ghlac thu cleachdadh ùr,
Gun d' rinn thu gnìomh nach b' àbhaist dhut,
Mo ghràdh-sa 'chur air chùl,
Ch d'aithnich mi riamh fàiling ort,
Bho chàirich mi ort m' iùl,
Gu h-uasal, banail, bàraigeach,
Gu tairis, càirdeil, ciùin.

Bho dh'fhalbh thu 'n-dé mun tràth seo uainn,
Tha mi fo chràdh 's fo leòn,
'S e 'n gaol a thug mi 'n ciad latha dhut,
A dhrùidh air m' fhuil 's air m' fheòil,
Ach chì mi 'n-diugh nach dàinig thu,
'S air nàile cha b' i 'chòir,
Tha m' osna trom an uaignidheas,
A' smuain air bean do neòil.

'S mìn, tairis, ciùin a labhradh tu,
'Gheug ùr nach mall 'nad chéill,
Air Machair no air Gàidhealtachd,
'S tearc samhail bean do bheus,
Chan ioghnadh cliù 'bhith fuaighte riut,
'S gun d'fhuaradh thu gun bheud,
'S tu 'shil na fala connspailleach,
Le suaineas ceann an fhéidh.

Och! tha mo smuaintean cairiseach,
Bho dhealaich sinn DiLuain,
'Gheug ùr nan glaca min-bhasach,
A leannain chaoimh gun ghruaim,
Ma tha buaidh mun t-sùgradh ort,
'S nach lúb thu le meud stuaim,
'S e d' ghaol a leasaich m' iomgain dhomh,
'S a chuir an giorrad m' uair.

'S mìn, soitheamh, sèimhidh, suaimhneasach,
An ribhinn uasal òg,
Gur lionmhor cis a bhuannaich thu,
Nach dh'fhuaradh rimh cho mór,
Do dhà ghruaidh dhearg cho taitneach,
Do shlios mar shneachd an lòin,
Do shùilean mealla, mìogach,
Mar ghrian air tionndadh neòil.